



Colmcille
ÈIRINN IS ALBA

Dreach

Plana Gnìomh 2011-2013

Lèirsinn Cholmcille:

- Coimhearsnachd Ghàidhlig bheothail agus eadar-obrachail a chruthachadh eadar Èirinn agus Alba.

Rùn Cholmcille:

- Mothachadh da chèile agus eadar-obrachadh deimhinneach a chomharrachadh agus adhartachadh am measg nan coimhearsnachdan Gàidhlig ann an Èirinn is Alba.

Cinn-uidhe Ro-innleachdail Cholmcille:

- Na ceanglaichean eadar luchd-cleachdaidh nan cànan (Gaeilge is Gàidhlig) a chomharrachadh ann agus eadar Èirinn is Alba.
- Eisimpleirean de dheagh chleachdadh a cho-roinn ann agus eadar Èirinn is Alba.
- Mothachadh a thogail do dhualchas Gàidhlig cho-roinnte (cànan is cultar) Èirinn is Alba.

Prìomhachasan Cholmcille airson 2011 gu 2013

- Pròiseactan agus com-pàirteachasan ro-innleachdail ùra a dhearbhadh agus a leudachadh a-mach.
- Pròiseactan taisbeanach ùr-ghnàthach a bhrosnachadh a bhios a' toirt buaidh agus a' nochdadh amasan na buidhne.
- Deagh-ghean a thogail a dh'ionnsaigh cànan na Gaeilge is na Gàidhlig.
- Cothrom a ghabhail air bunan maoinachaidh is stòrais eile a bhios a' cur taic ri cinn-uidhe Cholmcille.
- Ro-innleachd conaltraidh a leasachadh agus a chur an gnìomh mar phrìomh mheadhan air cinn-uidhe a' chom-pàirteachais a liubhairt.
- Pròiseasan riaghlaidh, eagrachaidh agus stiùiridh freagarrach a leasachadh gus feumalachdan fàs-mhor Cholmcille a riarachadh thar nan trì bliadhna ri teachd.

1. Colmille

Chaidh Colmille, no Iomairt Cholm Cille mar a bh' ann, a chur air bhog air 9^{mh} Ògmhios 1997 le Ceann-suidhe na h-Èireann a bh' ann aig an àm, Máire Robinson, agus le Brian MacUilleam, a bha aig an àm na Mhinistear Staite ann an Alba airson Foghlam, Gnìomhachas agus Gàidhlig. Thug an Ceann-suidhe Robinson tarraing air dleastanas Cholmille a thaobh “cruthachadh farsaingeachd dhuinn fhìn gus na bha eadar Èirinn agus Alba a chomharrachadh” agus thug MacUilleam iomradh air an dòchas a bh' aige gum biodh Colmille “a' neartachadh taic do chànan na Gàidhlig agus a' leasachadh cheanglaichean eadar coimhearsnachdan Gàidhlig Alba agus Èirinn”.

Tha Colmille - a-nis na phrògram com-pàirteachais eadar Foras na Gaeilge, a' bhuidheann air a bheil dleastanas cànan na Gaeilge adhartachadh, agus Bòrd na Gàidhlig, a' bhuidheann air a bheil dleastanas cànan agus cultar na Gàidhlig adhartachadh ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta - a' leantainn air adhart a' toirt taic do phròiseactan a tha ag adhartachadh an dualchais cànanach agus cultarach a tha ri fhaotainn eadar Èirinn is Alba, agus thathar a' coileanadh seo tro bhith a' maoinachadh phròiseactan a tha stèidhichte sa choimhearsnachd, agus tro bhith ag adhartachadh iomairtean foghlaim, ealan agus cultair air feadh Èirinn a Tuath, Èirinn a Deas agus Alba.

A dh'aindeoin bliadhnaichean de ghluasad cànan bho Ghàidhlig agus Ghaeilge gu Beurla, tha na cànanan sin a' soirbheachadh fhathast mar chànanan beò coimhearsnachd ann an cuid de dh'àiteachan far a bheil an cànan làidir air a' Ghàidhealtachd/sa Ghaeltacht, agus tha iad air an cleachdadh gach latha le mòran daoine taobh a-muigh na Gaeltacht ann am bailtean mòra mar Glaschu, Inbhir Nis, Dùn Èideann, Doire agus Baile Átha Cliath. Tha comas labhairt gu ìre air choreigin ann an Gàidhlig aig 92,396 neach ann an Alba. A rèir a' Chunntais-Sluaigh mu dheireadh tha comas aig 58,652 a' Ghàidhlig a labhairt le comas aig 33,744 eile an cànan a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn. A rèir figearan a' Chunntais-Sluaigh mu dheireadh, tha comas aig 1.66 millean neach ann an Èirinn a Deas air Gaeilge a labhairt, agus tha 10.4% den luchd-còmhnaidh ann an Èirinn a Tuath ag ràdh gu bheil beagan eòlais aca air a' chànan.

'S e gnothaich Cholmille coimhearsnachdan cànan a tharraing còmhla agus eadar-obrachadh feumail eatarra a chur air adhart, agus tha dreuchd comasachaidh aig a' phrògram com-pàirteachais seo tro bhith a' cuideachadh le sreath làidir de leasachadh phròiseactan, cruthachadh cheanglaichean agus a' toirt seachad fiosrachaidh agus taic tro thabhartasan. Tha obair Cholmille an sàs ann an togail mothachadh da chèile air dà mhion-chànan; comasachadh cleachdadh agus tuigse da chèile den dà chànan; togail dàimh le raon fharsaing de luchd-ùidh, le farsaingeachd de luchd-èisteachd agus coimhearsnachdan cànan ionadail. Gus amasan a choileanadh, tha feum aig Colmille, chan ann a-mhàin air prògram de phròiseactan eadar-dhealaichte, ach cuideachd air com-pàirteachadh bho raon fharsaing de bhuidhnean agus de choimhearsnachdan.

Tha sùil ga chumail air amasan ro-innleachdail com-pàirteachas Cholmille le co-chomataidh air a dhèanamh suas le trì buill bho Bhòrd Stiùiridh Foras na Gaeilge agus dà bhall bho Bhòrd Stiùiridh Bòrd na Gàidhlig. Bidh a' chomataidh seo a' coinneachadh co-dhiù 4 tursan sa bhliadhna. Tha Oifigearan Leasachaidh ag obair do Cholmille ann an Alba agus Èirinn le taic rianachd a' tighinn bho oifisean Fhoras na Gaeilge agus Bhòrd na Gàidhlig. Bidh na trì Oifigearan Leasachaidh, a tha stèidhichte ann an Gaoth Dobhair, Béal Feirste agus Glaschu, ag obrachadh còmhla air raon de phròiseactan, agus a' co-obrachadh air an leasachadh ro-innleachdail agus air an liubhairt. Tha stiùireadh

Cholmcille bho latha gu latha fo uallach a' Cho-òrdanaiche agus àrd-oifigearan bho Fhoras na Gaeilge agus Bòrd na Gàidhlig.

Tha e iomchaidh do bhuidhnean coimhearsnachd le bonn-stèidh, buidhnean neo-phrothaideach, buidhnean saor-thoileach agus buidhnean ag obair ann an com-pàirteachas leis na buidhnean sin, iarrtas a chur a-steach gu Cholmcille airson taic ionmhais. Ann an suidheachadh neo-àbhaisteach, faodaidh daoine fa leth no companaidhean a' dèanamh prothaid, iarrtas a chur a-steach mas urrainnear taisbeanadh gu bheil buannachd shoilleir gu bhith ann do na coimhearsnachdan cànan san fharsaingeachd.

Tha prìomhachasan ro-innleachdail Cholmcille air am fiosrachadh tro na prionnsapalan a thaobh planadh cànan aig Foras na Gaeilge agus Bòrd na Gàidhlig co-cheangailte ri Togail; Cleachdadh; Inbhe; agus Corpas.

2. Gnìomhan Ro-innleachdail

Tha am plana seo a' mìneachadh plana ro-innleachdail trì-bliadhna Cholmcille agus a' gabhail cunntas air na cothroman agus na dùbhlain a tha ri teachd. Tha am foillseachadh ann an 2010 air Dréacht Straitéis 20 Bliain don Ghaeilge 2010–2030 agus Ginealach Ùr na Gàidhlig – dà phlana gnìomh a chuireadh gu na Riaghaltasan fa leth ann an Èirinn agus Alba agus an àireamh de dhaoine ag ionnsachadh agus a' cleachdadh Gàidhlig agus Gaeilge a mheudachadh – a' tairgsinn cothrom airson cuimse ùr ro-innleachdail dha Cholmcille.

Tro a chuid obrach, tha Cholmcille ag amas air tuigse a leasachadh do eugsamhaileachd agus cultar nan coimhearsnachdan Gàidhlig is Gaeilge, agus deasbad a bhrosnachadh mu dhraghan coitcheann a thaobh cùisean sòisealta, cultarach agus eaconamach le amas air fèin-mhisneachd a thogail an taobh a-staigh nan coimhearsnachdan Gàidhlig.

'S e na prìomh phrionnsapalan aig Cholmcille gum bi a chuid obrach uile agus pròiseactan le taic tabhartais:

- a' cuimseachadh gu làidir air cànan agus a' dèanamh ceangal eadar Gàidhlig na h-Alba agus na h-Èireann.
- a' leasachadh dhàimhean ùra eadar coimhearsnachdan a bhios a' labhairt Gàidhlig na h-Alba agus coimhearsnachdan a bhios a' labhairt Gàidhlig na h-Èireann, agus a' neartachadh nan ceanglaichean a th' ann cheana.
- a' togail mothachadh do mar a tha Gàidhlig a' cur ri ionannachd na h-Èireann agus na h-Alba.
- ag adhartachadh ionnsachadh air Gàidhlig agus air Gaeilge.
- gu bheil e riatanach do buidhnean iarrtais, ceangal a thaisbeanadh eadar am buidheann agus am pròiseact fhèin agus com-pàirtichean ann an Èirinn do bhuidhnean Albannach no ann an Alba do bhuidhnean Èireannach.
- gu bheil maoinachadh is taic pròiseict an crochadh air builean soilleir a ghabhas tomhais a nochdadh san iarrtas, a thaobh an cànan dùthchasach.

3.1 Leasachadh Sòisealta & Coimhearsnachd

3.1.1 Co-theacs:

Dh'fhaodte a ràdh gu bheil an t-adhbhar airson gleidheadh, togail agus leasachadh cànan air a chall às aonais Leasachadh Sòisealta, Coimhearsnachd agus Eaconamach air

na coimhearsnachdan Gàidhlig is Gaeilge. Tha Colmcille den bheachd, le bhith a' cur barrachd luach air agus nas motha taic ri cànan dùthchasach agus nòsan cultarach na h-Alba agus na h-Èireann, gum builich seo ann an neartachadh fèin-aithne chultarach, faireachdainn àite agus meudachadh ann am misneachd, a' leantainn air adhart gu gleidheadh sluaigh, barrachd gnìomhachd tionnsgaineach, cruthachadh gnothachais agus feabhas air an eaconamachd. Tha àite nan cùisean eaconamach agus nam pàtranan imrich co-cheangailte riutha a thaobh crìonadh cànanain thar nan ceudan de bhliadhnaichean, air a dheagh fhiosrachadh. Gu dearbh, chan urrainn do chànan sam bith soirbheachadh far a bheil feartan sòisealta agus eaconamach a' sabaid na aghaidh, mar a chanas cuid a tha bitheanta san latha an-diugh ann an ceàrnaidheadh iomallach is dùthchail na h-Èireann agus na h-Alba. Tha deasbadan o chionn ghoirid mu bhun-structaran nan sgìrean sa Ghaeltacht/Ghàidhealtachd air leantainn gu iarrtas airson meòrachadh às ùr gus obraichean seasmhach a chruthachadh sna ceàrnaidhean sin. Tha mòran bhuidhnean agus còmhlain coimhearsnachd ann, a' gabhail a-steach co-obraichean coimhearsnachd ag obair ann an Alba agus ann an Èirinn, a tha air deagh obair a dhèanamh san raon seo, agus tha am meudachadh o chionn ghoirid ann an ceannach-fearainn ann an Alba air barrachd dèine a chur ri leasachadh ionadail. Tha fianais air teachd an siud 's an seo a' nochdadh miann làidir bho bhuidhnean coimhearsnachd air ionnsachadh bho, agus eòlas iomlaid, le feadhainn eile a tha ag obair ann an sgìrean eile.

Bidh Colmcille ag obair gu dlùth leis na buidhnean buntainneach sòisealta agus coimhearsnachd, ann an leasachadh prògram de ghnìomhachdan gus cinn-uidhe ro-innleachdail Cholmcille a thoirt gu buil.

3.1.2 Gnìomhan:

.1 **Ceanglaichean a thogail le buidhnean nàiseanta is eadar-nàiseanta airson cothroman a rannsachadh air mar as urrainn do Cholmcille obair nas èifeachdaiche a choileanadh, gus cur ri iomairtean ann an leasachadh sòisealta, coimhearsnachd agus eaconamach.**

Bidh Colmcille a' rannsachadh chothroman air co-obrachadh le buidhnean Riaghaltais buntainneach gus nuadh-bheachdan a bhrosnachadh a thaobh pròiseactan leasachaidh seasmhach sòisealta agus coimhearsnachd a chruthachadh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig na h-Èireann 's na h-Alba, an dà chuid air an tuath agus sna bailtean.

Tha Colmcille a' cur fàilte air dòighean inntinneach air dàimhean dlùth a thogail le raon fharsaing de dh'iomairtean sòisealta is coimhearsnachd, gus an cuideachadh ann an leasachadh agus cumail suas stèidh cànanain.

2. **Meudachadh taic do bhuidhnean Èireannach is Albannach ag obair ann an leasachadh sòisealta, coimhearsnachd agus eaconamach, gus an comasan a thoirt gu buil air bunait sheasmhach fad-amail.**

Bidh Colmcille ag obair còmhla ri buidhnean is còmhlain ionadail, ag amas air feabhas a thoirt air gnè beatha dhaoine, ach aig an aon àm a' dèanamh cinnteach à meudachadh ann an cleachdadh a' chànan dhùthchasach. Tha coimhearsnachdan Gàidhlig/Gaeilge ann an Èirinn is Alba a' tairgsinn raon eadar-mheasgte de ghoireasan, chothroman agus sgilean, agus 's e amas Cholmcille gach coimhearsnachd anns gach sgìre fhaicinn a' toirt an làn-chomasan gu buil mar choimhearsnachd sheasmhach, agus aig an aon àm a' cleachdadh 's a' leasachadh an cànan dùthchasach.

Bidh Colmcille gu for-ghnìomhach a' sireadh agus a' conaltradh ri buidhnean coimhearsnachd a tha ag obair san raoin seo gus iarrtasan ùr-ghnàthach a bhrosnachadh airson pròiseactan co-obrachail.

Tha Colmcille a' sireadh iarrtasan bho iomairtean ùra a tha a' brosnachadh tionnsgain agus gnìomhachd eaconamach agus co-roinn air eòlas am measg coimhearsnachd a' chànain Ghàidhlig.

Cuiridh Colmcille air dòigh tursan sgrùdaidh air eòlas do dhaoine fa leth, còmhlain agus buidhnean a tha ag obair ann an leasachadh cànan, coimhearsnachd, leasachadh sòisealta agus eaconamaidh cultarach. Bidh na tursan sin a' coimhead ri leudachadh tuigse air iomairtean a tha a' brosnachadh tionnsgain agus gnìomhachd eaconamach am measg coimhearsnachd na Gàidhlig, agus co-roinneadh eòlais le Èirinn / Alba.

Tha Colmcille a' sireadh iarrtasan bho chòmhlain is bhuidhnean a tha a' coimhead ri cothroman a rannsachadh airson iomairt agus leasachadh coimhearsnachd eadar Èirinn agus Alba gu buannachd na Gàidhlig / Gaeilge ann an gnothachas, malairt agus coimhearsnachdan.

3.2 Foghlam & Ionnsachadh Fad-beatha

.1 Co-theacs

Tha Alba agus Èirinn (Tuath agus Deas) a' giùlain mòran de na dùbhlain cheudna ann an leasachadh agus solarachadh Foghlam Tron Ghàidhlig. Ged a tha na dùbhlain sin air an cumadh tro structaran foghlaim a tha glè eadar-dhealaichte, tha mòran ann a tha coitcheann agus tha àrd-ùrlar luachmhor ann airson tuigse agus co-obrachadh a roinn am measg bhuidhnean foghlaim ann an Èirinn agus Alba, gu h-àraid a thaobh an stòrais agus an trèanaidh a tha ri fhaotainn le luchd-teagaisg. Tha Colmcille thar nam bliadhnaichean air taic a chur ri measgachadh de phròiseactan aig an dàrna 's an treas ìre eadar Èirinn agus Alba. A thuilleadh air an sin, tha Colmcille air cuideachadh le com-pàirteachas fon bhrataich "Co-thuigse air Foghlam Bogaidh ann an Alba is Èirinn" a bhrosnaich conaltradh aig ìre luchd-teagaisg agus oileanach eadar dà bhuidheann le uallach airson trèanadh luchd-teagaisg do sgoiltean tron Ghàidhlig ann an Èirinn a Tuath agus Alba. Is urrainn do thursan mar sin spreagadh agus sealladh ùr a bhrosnachadh ann am buidheann a dh'fhaodas a bhith a' faireachdainn lethoireach.

Bidh Colmcille ag obair gu dlùth leis na buidhnean foghlaim iomchaidh ann an leasachadh prògram de ghnìomhachdan gus a chinn-uidhe ro-innleachdail a thoirt gu buil, agus gus ginealach ùr de luchd-labhairt Gàidhlig agus Gaeilge a chruthachadh.

3.2.2 Prìomhachasan

.2 **Adhartachadh co-roinneadh air na cleachdaidhean as fheàrr ann am bogadh cànan agus foghlam tràth-bhliadhnaichean.**

Cuiridh Colmcille tachartas air bhonn a bheir luchd-teagaisg agus aitreabhan trèanaidh ann an Alba is Èirinn còmhla, gus àrd-ùrlar a shuidheachadh airson tuigse agus co-obrachadh a cho-roinneadh eatarra-san a tha an sàs ann an teagasg cànan.

Tha Colmcille a' sireadh iarrtasan bho aitreabhan foghlaim airson iomairtean, a tha a' tairgsinn chothroman ionnsachaidh mu agus roinn air na cleachdaidhean as fheàrr ann an teagasg bogadh cànan agus foghlam tràth-bhliadhnaichean.

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan mu choinneamh iomairtean a tha a' tairgsinn chothroman air leantailachd eadar na diofar ìrean de sgoilearachd cànan a rannsachadh, gu h-àraid bho ìre ro-sgoile gu bun-sgoil agus bho ìre bun-sgoile gu àrd-sgoil.

- .2 Adhartachadh co-roinneadh air goireasan teagaisg agus trèanaidh**
Tha Colmcille a' sireadh iarrtasan airson iomairtean a tha a' leantainn air adhart gu leasachadh agus roinn air stòrais ionnsachaidh is teagaisg eadar Èirinn is Alba.

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan bho phròiseactan co-obrachail a tha a' toirt stòrais foghlaim ann an Gaeilge is Gàidhlig gu buil.

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan maoinachaidh mu choinneamh buileachadh agus foillseachadh stuth foghlaim ùr ann an Gaeilge is Gàidhlig.

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan do phròiseactan co-obrachail a tha a' toirt leabhraichean foghlaim gu buil ann an Gàidhlig agus Gaeilge.

- 3.2.2.3 Taic do dh'iomairtean a tha a' toirt luchd-labhairt òg Gàidhlig à Èirinn agus Alba còmhla.**

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan bho sgoiltean agus colaistean airson tursan iomlaid far a bheil cuideam ga chur air togail dhàimhean fad-ùine eadar bhuidhnean, a thuilleadh air togail mothachadh don dualchas cho-roinnte Ghàidhlig - cànan agus cultar - eadar Èirinn (Tuath & Deas) agus Alba.

3.3 Na h-Ealain & Dualchas

3.3.1 Co-theacs

Tha prìomh dhleastanas aig iomairtean Ealan & Dualchais ann an ath-thogail choimhearsnachdan agus dearbh-aithne, ann an conaltradh, ann an rannsachadh eòlas coimhearsnachd agus eòlas gach neach fa leth. Tha iad a' toirt muinntir choimhearsnachdan Gàidhlig gu chèile. Tha iad a' riochdachadh coimhearsnachdan mhion-chànan dhaibh fhèin agus don t-saoghal mhòr san fharsaingeachd, nàiseanta agus eadar-nàiseanta, mar a chithear le soirbheachadh An Leabhar Mòr agus na prògraman co-cheangailte ris. Tha pròiseactan Ealan & Dualchais a' dèanamh comasach do choimhearsnachdan Gàidhlig na h-Èireann 's na h-Alba a bhith a' conaltradh ri chèile agus a' toirt dhaibh adhbhar co-cheangal is càirdeas a thogail, agus nan àrd-ùrlar farsaing do dhiofar sheòrsaichean thachartasan. Tha an fharsaingeachd de ghnèithean, luchd-èisteachd, cuspairean agus àiteachan a' tarraing sùbailteachd agus raon de fhuasglaidhean nach biodh rim faotainn ann am mòran àiteachan taobh a-muigh na raoin obrach seo. Faodaidh na h-ealain Ghàidhlig a bhith air an cuimseachadh air luchd-èisteachd prìomh chànan, far am bi cothrom aca air faicsinneachd na Gàidhlig a thogail agus cur ri àite na Gàidhlig is na Gaeilge am measg a' chomainn shòisealta.

Bidh Colmcille ag obair gu dlùth leis na buidhnean ealan is coimhearsnachd buntainneach ann an leasachadh prògram de ghnìomhachdan gus a chinn-uidhe ro-innleachdail a thoirt gu buil.

3.3.2 Prìomhachasan

3.3.2.1 **Ag adhartachadh co-obrachadh eadar na h-ealain Ghàidhlig & dualchas ann an Èirinn agus Alba mar bhun ùr-ghnàthachaidh, ionnsachaidh agus sàr-mhathais.**

Tha Colmcille a' sireadh iarrtasan bho bhuidhnean ealan gus iomairt de phrìomh thaisbeanaidhean ùra a chur air bhonn a bhios a' comharrachadh an dualchais cho-roinnte eadar Èirinn agus Alba.

Tha Colmcille fosgailte do dh'iarrtasan airson pròiseact inntinneach a chuirear air beulaibh a' phobaill, a' gabhail a-steach ach gun a bhith cuimsichte a-mhàin air bàrdachd is rosg Èireannach is Albannach. Le bhith a' comharrachadh an traidisean litreachais Gàidhlig agus an tàlant sgrìobhaidh ann an Èirinn is Alba, tha sinn a' sireadh phròiseactan mac-meanmainneach a leanas air adhart gu taisbeanaidhean air obair sgrìobhaichean de gach aois don phoball. Eadar gur ann air còmhdaidh poblach, togalaichean poblach, goireasan chur-seachadan no togalaichean-coinneachaidh poblach.

3.3.2.2 **A' cleachdadh ealain & dualchas gus dàimhean agus ceanglaichean coimhearsnachd a thogail eadar Èirinn agus Alba.**

Cuiridh Colmcille taic agus adhartachadh ri co-roinneadh air ionnsachadh eadar buidhnean ealan is dualchais ann an Èirinn is Alba, agus fàilte air iarrtasan gus taic a chur ri pròiseactan tùsail ann an saoghal dannsa, dràma, dràma ann am foghlam no coileanadh beò air àrd-ùrlar.

Bheir Colmcille seachad bursaraidhean gus am bi cothrom aig luchd-ealain air dreuchd-còmhnaidh aig fèisean no tachartasan stèidhichte sa choimhearsnachd agus tha Colmcille a' sireadh iarrtasan bhon dà chuid luchd-ealain agus togalaichean coinneachaidh.

Tha Colmcille a' sireadh iarrtasan do phròiseactan ùr-ghnàthach a bhios a' cur taic ri iomairtean ionadail agus com-pàirteachasan a tha a' co-cheangal choimhearsnachdan.

3 **A' togail àireamhan luchd-èisteachd ùr a thaobh ealain agus dualchas Gàidhlig na h-Alba ann an Èirinn agus Gàidhlig na h-Èireann ann an Alba, a' fighe a-steach ionnsachadh cànan agus mothachadh do na diofaran ann an Gàidhlig a chèile.**

Tha Colmcille fosgailte do dh'iarrtasan bho fhèisean agus bho thachartasan a tha a' togail luchd-èisteachd ùr a thaobh ealain Gàidhlig na h-Alba ann an Èirinn agus ealain Ghàidhlig na h-Èireann ann an Alba, le bhith a' fighe a-steach ionnsachadh cànan agus mothachadh don Ghàidhlig aig càch a chèile.

Tha Colmcille a' sireadh iarrtasan mu choinneamh taisbeanadh a bhios a' dol air chuairt airson co-dhiù trì bliadhna, agus a bhios na mheadhan air mìneachadh agus nochdadh a dhèanamh air rùn sìmplidh Cholmcille an lùib nan ealan.

3.3.2.4 **A' cur taic ri togail agus cleachdadh cànan am measg dhaoine òga tro na h-ealain chruthachail.**

Tha Colmcille a' sireadh iarrtasan airson coimisean gus pròiseact dràma ann am foghlam a thoirt gu buil, a bhios a' gabhail a-steach com-pàirteachas eadar aon chompanaidh à Èirinn agus aon chompanaidh à Alba.

Tha Colmcille a' brosnachadh iarrtasan airson pròiseactan ealan a bhios a' cruthachadh chothroman do dhaoine òga à Èirinn agus Alba gus a thighinn còmhla agus tuigse a chosnadh don dualchas Ghàidhlig a tha co-roinnte eatarra - cànan agus cultar - na h-Èireann 's na h-Alba.

3.4 Goireasan Ionnsachaidh

3.4.1 Co-theacs

Tha foillseachadh Dréacht Straiteis 20 Bliain don Ghaeilge 2010–2030 agus Ginealach Ùr na Gàidhlig - dà phlana gnìomh ann an Èirinn agus ann an Alba fa leth gus an àireamh de dhaoine ag ionnsachadh agus a' cleachdadh Gàidhlig is Gaeilge a mheudachadh - a' tairgsinn cothrom airson cuimse ùr ro-innleachdail air Colmcille. Tha an dà chuid Dréacht Straiteis 20 Bliain don Ghaeilge 2010–2030 agus Ginealach Ùr na Gàidhlig a' suidheachadh ro-innleachdan a chuireas luaths air fàs ann an àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig. Aig fìor mheadhan brosnachaidh air ionnsachadh na Gàidhlig, tha feum air seasamh deimhinneach don chànan a thogail agus tha dreuchd chudromach aig Colmcille ann an liubhairt na dà ro-innleachd.

Bidh Colmcille ag obair gu dlùth leis na buidhnean agus na còmhlain iomchaidh ann an leasachadh prògram gnìomhachdan gus a chinn-uidhe ro-innleachdail a thoirt gu buil.

3.4.2 Prìomhachasan

3.4.2.1 A bhith ùr-ghnàthach nar dòigh dèiligidh le Goireasan Ionnsachaidh

Cuiridh Colmcille taic ri ùr-ghnàthachadh aig ìre sam bith de thogail cànan, a dh'fhaodar a leasachadh an uair sin gus Ionnsachadh Cànan a liubhairt ann an dòigh nas èifeachdaiche. Gabhaidh seo a-steach ceangal le buidhnean acadaimigeach agus daoine fa leth, aig a bheil comas air ro-innleachdan nas èifeachdaiche a dhealbhadh a dh'ionnsaigh buil shoirbheachail ann an Teagasg is Ionnsachadh.

Bidh Colmcille a' brosnachadh iarrtasan bho bhuidhnean gus iarrtasan Fòn-Làimhe airson ionnsachadh Gàidhlig is Gaeilge a leasachadh.

Tha Colmcille a' sireadh mholaidhean airson dèideagan, prògraman coimpiutair agus geamannan a bhios ag adhartachadh ionnsachadh no cleachdadh na Gàidhlig 's na Gaeilge, gu h-àraid am measg dhaoine òga.

3.4.2.2 A' cruthachadh chothroman com-pàirteachaidh ann an Iomairtean Ionnsachaidh.

Tha Colmcille a' cur fàilte air conaltradh bho bhuidhnean leis am bu toil sgeamaichean cànan obrachail is tarbhach a dhealbhadh, aig am bi builean soilleir a ghabhas tomhais a thaobh togail agus gleidheadh cànan.

3.5 Daoine Òga

3.5.1 Co-theacs

Tha Colmcille ag amas air càirdeas agus ceanglaichean eadar daoine òga na h-Èireann 's na h-Alba a chomharrachadh, le bhith a' brosnachadh, a' cuideachadh agus a' cur air dòigh thachartasan a bhios a' togail mothachadh do chànan, do chultar agus do thraidiseanan a chèile. Tha Colmcille an-còmhnaidh fosgailte do mholaidhean ùra a thaobh com-pàirteachasan a bhios a' toirt dhaoine òga còmhla le co-aisean Gàidhlig eile à Èirinn agus à Alba, agus gu h-àraid a' cur fàilte air pròiseactan don urrainn planaichean a thaisbeanadh airson ceanglaichean maireannach.

Bidh Colmcille ag obair gu dlùth le buidhnean iomchaidh òigridh, cànan agus foghlaim ann an leasachadh prògram ghnìomhachdan gus a chinn-uidhe ro-innleachdail do dhaoine òga a thoirt gu buil.

3.5.2 Prìomhachasan

.1 A' toirt daoine òga à Èirinn agus à Alba còmhla gus am mothachadh a thogail air an dualchas Gàidhlig co-roinnte.

Bidh Colmcille a' coimhead ri taic a chur ri pròiseactan agus cruinneachaidhean a bhios a' cruthachadh cheanglaichean agus càirdeas fad-amail eadar daoine òga à Èirinn agus Alba, gu h-àraid com-pàirteachasan a bhios ag amas air daoine òga a chuideachadh le am misneachd ann an cleachdadh na Gàidhlig a thogail, a thuilleadh air tuigse do na ceanglaichean eadar cànan agus cultar na h-Alba agus na h-Èireann.

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan bho sgoiltean agus colaistean airson tursan iomlaid far a bheil cuideam ga chur air togail càirdeis fad-amail eadar na buidhnean, a thuilleadh air togail mothachadh do dhualchas Gàidhlig co-roinnte - cànan is cultar - na h-Èireann agus na h-Alba.

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan bho bhuidhnean iomlaid do dhaoine òga a tha a' cur an nàbaidhean Ceilteach an aithne dhaibh, ann an oidhirp air an eòlas phearsanta air na cànan Ghàidhlig a leudachadh. Bithear nas fhàbharraiche do phròiseactan a tha a' taisbeanadh miann air cothroman airson àrainneachd gu tur Gàidhlig a chruthachadh agus misneachd nan daoine òga ann an cleachdadh a' chànan a mheudachadh.

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan bho bhuidhnean òigridh a thaobh tachartasan gnìomhach Èireannach / Albannach ann an spòrs, ceòl agus ealain, far an urrainn dhaibh taisbeanadh gu bheil cleachdadh na Gàidhlig agus / no Gaeilge aig teis meadhan na gnìomhachd.

3.6 Foillseachadh

.1 Co-theacs

Tha Colmcille air àireamh de fhoillseachaidhean a thoirt gu buil ann an com-pàirteachas le buidhnean eile, gu h-àraid leithid feadhainn co-cheangailte ri taisbeanaidhean den Leabhar Mòr agus Amra Choluim Chille. Cuideachd, tha Colmcille air urrasachd a thoirt do ghrunn fhoillseachaidhean a tha air cur ri mothachadh do choimhearsnachdan cànan, a' gabhail a-steach At the Edge - Walking the Atlantic Coast of Ireland and Scotland le Eòsaph Murphy agus Leasachadh Cànan is Eaconamaidh. De na foillseachaidhean uile, bha a' bhuaidh a bu mhotha aig an Leabhar Mòr aig ìre nàiseanta agus gu h-eadar-

nàiseanta. Ach tha fèill air a bhith air a' mhapa, Tír Cholmcille, agus tha e air a bhith air leth èifeachdach ann an togail mothachadh de na ceanglaichean ann an saoghal Gàidhlig na h-Èireann agus na h-Alba. Tha e a' cur ri suaicheantas Cholmcille, agus a' conaltradh amasan Cholmcille ann an cruth grafaigeach. Tha argamaid làidir ann do fhoillseachaidhean a tha air an dèanamh suas no a' gabhail a-steach ìomhaighean cliùiteach, a tha a' cur tarsainn amasan Cholmcille gu lèirsinneach, agus a tha tarraingeach nan dòigh fhèin.

Bidh Colmcille ag obair gu dlùth leis na buidhnean foillseachaidh iomchaidh ann an leasachadh prògram de ghnìomhachdan gus a chinn-uidhe ro-innleachdail a thoirt gu buil.

3.6.2 Prìomhachasan

3.6.2.1 Com-pàirteachasan airson leasachadh agus adhartach bathar.

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan bho ghnìomhan ùra ann am foillseachaidhean Albannach Èireannach.

Tha Colmcille a' sireadh comas air comharrachaidhean ùra a bhith air an roinn eadar foillsichearan ann an Alba agus Èirinn, a bhios a' toirt seachad buannachd a thaobh ionmhasachadh, margaideachd agus sgaoileadh leabhraichean sam bi ùidh coitcheann aig Èireannaich agus Albannaich.

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan mu choinneamh pròiseactan cliùiteach a tha a' leasachadh dhòighean ùra air coimhearsnachdan Gàidhlig na h-Èireann agus na h-Alba a riochdachadh.

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan mu choinneamh phròiseactan eadar-obrachail airson e-leabhraichean ann an Gàidhlig is Gaeilge a thoirt gu buil.

3.6.2.2 A' cur taic ri iomairtean co-foillseachaidh

Tha Colmcille a' cur fàilte air iarrtasan gus foillseachaidhean ùra do gach aois a mhaoineachaidh, far an gabh e a thaisbeanadh gu soilleir gun cuir am foillseachadh ri mothachadh do choimhearsnachdan cànan.